

O, mo chreach!



Dee Reid • Kim Blundell



Seo Bingo.


'S e cuilean beag dubh agus geal a th' ann.

'S e cuilean beag tapaidh a th' ann.

Tha earball goirid geal agus cluasan
mòra, dubha air.

Aon là bha Bingo a' cluich a-muigh.






“Seo bàlla beag,”
thuirt Bingo.



“Tha mise a’ cluich leis.”



“Seo bàlla mòr,”
thuirt Bingo.



“Tha mise a’ cluich leis.”




“Seo bàlla mòr, gorm,”
thuirt Bingo.





“Tha mise a’ cluich leis.”





“O, mo chreach!”
thuirt Bingo.